

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Iain Lom (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 948. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 644 corresponds to Litir 948.

An t-seachdain sa chaidh bha mi a’ bruidhinn mu Iain Lom, bàrd na Ceapaich. Bha mi ag innse dhuibh gur e Iain Manntach a bha cuid a’ gabhail air. Ach dè bha e a’ gabhail air fhèin? Uill, tha sin a’ tighinn am follais anns an òran aige ‘Murt na Ceapaich’. Tha Iain ag iarraidh air Sir Seumas Dòmhnallach, ceann-cinnidh Dòmhnallaich Shlèite, dìoghaltas a ghabhail air an t-seachdnar a mhuirt oighre òg Dòmhnallaich na Ceapaich agus a bhràthair.

Seo an rann mu dheireadh: *Chan eil tuill’ aig Iain Mabach, Ri ràdh ribh chum ur dùsg’, Rinn mi glan is glè shoilleir, M’ inntinn fhèin dhuibh a rùsg’, Is mur d’fhoghainn leibh ’chaismeachd ud, Chlann Dòmhnail tha treun, Gheibh sibh spid is mòr-mhasladh, Ged nach tabhair mi ’m beum.*

Sin e. Bha e a’ gabhail air fhèin ‘Iain Mabach’ – a’ ciallachadh an aon rud ri Iain Manntach. Mu dheireadh chaidh dìoghaltas a dhèanamh agus, a rèir aithris, ’s e Iain fhèin a gheàrr na cinn far cuirp an t-seachdnair. Ghlan e na cinn aig Tobar nan Ceann taobh Loch Omhaich – far a bheil carragh an-diugh a’ cuimhneachadh a’ ghnothaich.

Bha Iain gu làidir an aghaidh an aonaidh le Sasainn ann an seachd ceud deug ’s a seachd (1707). Anns an òran aige ‘Òran an Aghaidh an Aonaidh’, tha e a’ càineadh nan uaislean a thug taic don aonadh, gu seachd àraidh ceann-cinnidh Cloinn ’ic Coinnich, Iarla Bhrathainn. Seo rann bhon òran:

*Iarla Bhrathainn à Sìophort, Cha bhi sìothshaimh ri d’ bheò dhut, Gum bi ortsa cruaidh fhaghaid, Thall a-staigh dhen Roinn Eòrpa; Ach nam faighinn mo roghainn, ’S dearbh gu leaghainn an t-òr dhut, A-staigh air faochaig do chlaiginn, Gus an cas e do bhòtainn. Bha beachdan làidir aig Iain agus **cha robh e leisg ann a bhith a’ dearbhadh a chuid gràin!***

Bha mi ag innse dhuibh gun robh Iain air a thiodhlacadh ann an Cladh Cille Choirill. Ann an naoi ceud deug, caogad ’s a h-aon (1951), thachair Calum I MacGill-Eain, am fear-cruinneachaidh beul-aithris, ri fear Iain Beag Dòmhnallach, bàrd à Loch Abar. Bha Iain dìreach a’ tighinn a-mach à aifreann ann an Eaglais Cille Choirill air latha fuar, sneachdach. Bhruidhinn Calum ris ann an Gàidhlig agus dh’fhosgail sin doras iongantach do Chalum. Chruinnich e còrr is còig ceud pìos de bheul-aithris bho Iain, agus bha feadhainn dhiubh co-cheangailte ri Iain Lom.

Air latha tiodhlacaidh Iain Luim, bha bàrd à Gleanna Comhann an làthair. B’ esan Dòmhnallach eile, Aonghas Alasdair Ruaidh. Bhruidhinn fear às a’ Cheapach ris

– fear Gilleasbu’ na Ceapaich – an dèidh an tiodhlacaidh. Seo na thuirt Aonghas ris mar aithris air beatha Iain Luim:

B’ fhuath leat Màiri, b’ fhuath leat Uilleam, B’ fhuath leat Sìol Dhiarmaid uile; *A h-uile neach nach biodh rìoghail. Dh’innseadh tu dhaibh e gun iarraidh, Gaol an leòmhainn ’s fuath an tuirc, Anns an uaigh sa bheil do chorp, Dhia thoirt maitheanas dhut, Bha thu dìoghaltach anns an olc.*

Cha chanadh tu gur e òran molaidh a tha sin! Ach ’s dòcha gun robh e a’ tighinn ris an stoidhle sgrìobhaidh aig Iain fhèin.

* * * * *

Faclan na Litreach: Dòmhnallaich Shlèite: *the MacDonalds of Sleat*; Loch Omhaich: *Loch Oich*; Iarla Bhrathainn: *The Earl of Brahan*; Sìophort: *Seaforth*; Gleanna Comhann: *Glencoe*.

Abairtean na Litreach: dìoghaltas a ghabhail: *to get revenge*; chan eil tuill’ aig Iain Mabach ri ràdh ribh chum ur dùsg’: *Stammering John has no more to say to you to keep you awake*; rinn mi glan is glè shoilleir, m’ inntinn fhèin dhuibh a rùsg’: *I clearly opened my mind to you*; mur d’fhoghainn leibh ’chaismeachd ud: *if that alarm warning was not enough for you*; gheibh sibh spìd is mòr-mhasladh ged nach tabhair mi ’m beum: *you’ll suffer contempt and disgrace though it’s not me that will utter the taunt*; a gheàrr na cinn far cuirp an t-seachdnair: *who cut the heads from the bodies of the seven men*; a’ càineadh nan uaislean a thug taic don aonadh: *criticizing the nobles who supported the union*; cha bhi sìothshaimh ri d’ bheò dhut: *you’ll never have peace as long as you live*; gum bi ortsa cruaidh fhaghaid: *may there be a hard hunt in pursuit of you*; nam faighinn mo roghainn, ’s [gu] dearbh gu[n] leaghainn an t-òr dhut: *if I had a choice, certainly I’d melt gold for you*; a-staigh air faochaig do chlaiginn, gus an cas e do bhòtainn: *[I’d inject it] into the shell of your skull until it reached your boot(s)*; a’ tighinn a-mach à aifreann: *coming out of mass*; dh’innseadh tu dhaibh e gun iarraidh: *you would tell them without them asking*; gaol an leòmhainn ’s fuath an tuirc: *the love of the lion and the hatred of the boar*; bha thu dìoghaltach anns an olc: *you were wickedly vengeful*; gun robh e a’ tighinn ris an stoidhle sgrìobhaidh aig X: *that it was suitable for [and similar to] X’s writing style*.

Puing-chànain na Litreach: **B’ fhuath leat Màiri, b’ fhuath leat Uilleam, B’ fhuath leat Sìol Dhiarmaid uile:** *you hated Mary, you hated William [protestant joint monarchs of Scotland and England], you hated the whole of the descendants of Diarmad [meaning Clan Campbell].* Fuath means ‘hatred, aversion’. In the present tense we might say is fuath leam ‘I hate’ but in the past tense we lenite fuath under the influence of bu and because the ‘f’ is silenced by lenition, bu is reduced to b’ eg b’ fhuath leam ‘I hated’.

Gnàthas-cainnt na Litreach: cha robh e leisg ann a bhith a’ dearbhadh a chuid gràin: *he wasn’t slow [lazy] in proving his hatred.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA